



## Tìotal: A' coimhead às dèidh bheathaichean agus phlanntaichean

### Pàirt 3: A' coimhead às dèidh pheataichean

#### Ìre: A' CHIAD

#### Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
Tha mi ag ionnsachadh mu cò às a tha rudan beò a' tighinn agus mar a tha iad a' fàs, a' tighinn air adhart agus air an àrach. HWB 1-50a	<ul style="list-style-type: none"><li>Ag aithneachadh na dh'fheumas beathaichean, planntaichean agus daoine airson fàs agus tighinn air adhart.</li></ul>

#### Amasan Ionnsachaidh

- Gun ionnsaich clann na dh'fheumas beathaichean (peataichean) airson fàs agus tighinn air adhart.
- Gun ionnsaich clann gu bheil gach rud beò feumach air altram agus cùram.
- Gun tòisich a' chlann air ceangal a dhèanamh eadar na tha iad ag ionnsachadh agus an tighinn air adhart agus an fhàs aca fhèin.

#### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- Tha mi a' tuigsinn nan uallaichean a tha am measg peataichean a bhith agad.
- 'S urrainn dhomh innse mar a choimheadas tu às dèidh peata.
- Tha mi a' faighinn tuigse agus 's urrainn dhomh bruidhinn air na rudan a dh'fheumas mi mar phàiste airson fàs agus tighinn air adhart.

#### Goireasan feumail airson a' ghnìomh seo

- Pàipear ealain/peansailean/crèidheanan airson postairean
- RSPCA "What do pets need?" <https://youtu.be/FOLP8p0jSoA> (3 mion. 37)
- The needs of an animal, òran/cartùn: [https://youtu.be/k4UDf3tF\\_04](https://youtu.be/k4UDf3tF_04) (1 mhion.)

Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadh, cuiribh a' bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.

## Obair

1. Bidh ionnsachadh RSHP air a neartachadh ma shuidheas a' chlann còmhla an toiseach. Tòisich mar seo. Theirig thairis air na leasan a bh' agaibh mu choimhead às dèidh phlanntaichean agus cuairtean-beatha dhealain-dè agus losgainn.
2. **Cò aige tha peata?** Mura h-eil peata aig a' chloinn, iarr orra smaoinichadh air cuideigin as aithne dhaibh aig a bheil peata, agus dè th' ann am peata. Iarr air a' chloinn bruidhinn ri cuideigin faisg orra mu na peataichean aca no na peataichean as aithne dhaibh. Iarr orra innse dhan caraaid dè an t-ainm a th' air a' pheata agus ciamar a bhithear a' coimhead às a dhèidh.
3. Iarr air feadhainn dhen chloinn tighinn gu aghaidh a' chlas/a' bhuidheann airson innse mun pheata. Cuimhnich dhaibh innse mu mar a bhithear a' coimhead às dèidh a' pheata (faodaidh sibh an cuideachadh le ceist no dhà) Dè bhios e ag ithe? Am feum e eacarsaich? Càit am bi e a' cadal? A bheil leabaidh no cèidse no àite sònraichte aige dha fhèin? A bheil feum air a chìreadh/ghlanadh? (Dh'fhaodadh sibh gèam a dhèanamh dheth far am bi a' chlann a' cur cheistean le freagairt bidh/cha bhi msaa agus gum bi aca ri obrachadh a-mach dè am peata a th' ann.
4. **Dè dh'fheumas peataichean?** Coimhead bhidio an RSPCA Education "What do pets need?" <https://youtu.be/FOLP8p0jSoA> (3 mion. 37) Faighnich dhan chloinn mu na peataichean sa bhidio? Dè na feumalachdan a th' aca a thaobh bìdh? Am feum diofar pheataichean diofar àiteachan fuirich? Dè bhios sinn a' dèanamh airson peataichean a chumail fallain agus sàbhailte? A bheil peataichean sam bith ann a dh'fheumas fuireach còmhla?
5. **Obair:** Iarr air a' chloinn smaoinichadh air peata a th' aca no a' chòrdadh riutha. Iarr orra postair a dhèanamh le dealbh a' pheata agus fiosrachadh air na dh'fheumas e airson a bhith fallain, toilichte agus sàbhailte.
6. Iarr air cuid den chloinn na postairean aca a shealltainn agus brosnachadh còmhraidh, theirig thairis air na dh'fheumas peata airson a bhith fallain, toilichte agus sàbhailte. Coimheadaibh air agus èistibh ris an òran **The needs of an animal:** [https://youtu.be/k4UDf3tF\\_O4](https://youtu.be/k4UDf3tF_O4) a' faighneachd dhan chloinn an robh cuimhne aca air na feumalachdan uile? ('S dòcha gun còrd e riutha èisteachd ris an òran turas no dhà air an t-seachdain seo.
7. A' tarraing air na postairean, bruidhinn air a' cheist: *A bheil diofar fheumalachdan aig peataichean bhuanne mar dhaoine? Dè dh'fheumas tusa agus do pheata le chèile? What do you need that's like your pet?* (Cùram, dìon, biadh, eacarsaich?) Dèan taisbeanadh de na postairean.

## Beachdan eile

- Faodaidh clann iPad no tablaid a chleachdadh airson gèam CBBC "Furry Friends" a chluich – gèam a tha gad bhrosnachadh gu bhith a' coimhead às dèidh a' pheata agad. <https://www.bbc.co.uk/cbbc/games/pets-factor-furry-friends>
- Tha aonad-obrach eadar-ghnìomhach aig Glasgow Health "My Friends and Relaxing", a tha a' coimhead air na dàimhean a th' againn ri peataichean. Tha e a' toirt a-steach a' bheachd gu bheil na peataichean againn mar charaidean agus gum feum sinn coimhead às an dèidh mar charaid. Dh'fhaodadh clann coimhead orra seo leotha fhèin air iPad/tablaid. [https://www.gla.ac.uk/t4/~vet/files/glasgowschools/p2\\_relax&friends.swf](https://www.gla.ac.uk/t4/~vet/files/glasgowschools/p2_relax&friends.swf)
- Tha grunn bhidiothan bho Howcast air Youtube anns a bheil stiùireadh mionaideach air cùram pheataichean. Tha a' bhidio seo nam measg. Mar eisimpleir, 's dòcha gun còrd e ris a' chlas an coimhead tron t-seachdain. (Thoir an aire gum bi sanasan ron bhidio air am feum thu leum seachad.): Cùram Mheanbh-mhucan (Guinea Pig care): <https://www.youtube.com/watch?v=inYzwa9rzpg>

- Ma tha tanc èisg/mheanbh-bhiastagan no beathach sam bith eile agad san sgoil, faodaidh tu an cleachdadh mar phàirt den leasan.
- Brosnaich cùram pheataichean aig àm-cluich, gu h-àraidh ann an geamaichean cur-an-ìre.
- 'S dòcha gum bi peataichean aig cuid de chlann/theaghlaichean a ghabhas toirt a-steach dhan chlas (bi faiceallach mu aileirdsidhean). Seallaidh beathaichean òga no beathaichean le feumalachdan sònraichte na tha de dh'uallach am measg coimhead às an dèidh.

### **Ceangal ris an Dachaigh**

Tha teacsa a' dol an cois obair 1.

Faodaidh a' chlann na postairean aca a thoirt leth a dhachaigh às dèidh an taisbeanaidh.

### **Tha goireasan eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo:**

A' coimhead às dèidh phlanntaichean agus bheathaichean: Planntaichean

A' coimhead às dèidh phlanntaichean agus bheathaichean: Cuirtean-beatha

### **Notaichean Tidseir**

